

Aithris air fianais an tagraiche

Tha fianais an tagraiche air na comharran a leanas a choileanadh airson gach earrann den phròiseact.

Tagraiche 3

Ro-ràdh

Chaidh **4/6 comharran** a bhuileachadh don tagraiche.

- ¹ ✓ Chaidh comharra 1 a bhuileachadh a chionn 's gun tug an tagraiche mineachadh air na h-àireamhan de luchd-tadhail a' tighinn don Rìoghachd Aonaichte, a' coimhead gu h-àraid aig gnìomhachd a tha a' fàs.
- ² ✓ Chaidh comharra 2 a bhuileachadh a chionn 's gun do chuir an tagraiche an cèill gun tèid dàta a mheasadh gus faicinn a bheil fianais gu leòr ann gus dàimh loidhneach a chur air adhart eadar a' bhliadhna agus àireamhan de luchd-tadhail.
- ³ ✗ Cha deach comharra 3 a bhuileachadh a chionn 's nach tug an tagraiche iomradh air an t-seòrsa de dhàta a thathar a' rannsachadh — àireamheil no co-cheangailte ri roinnean-seòrsa. Rinneadh iomradh air 'an àireamh de luchd-tadhail bho thall-thairis', ach chan e seo fianais gu leòr airson an dàta a chomharrachadh mar dhàta aireamhail.
- ⁴ ✓ Chaidh comharra 4 a bhuileachadh a chionn 's gun tug an tagraiche seachad fiosrachadh gu leòr air cùl-raon an tùis-dhàta, le bhith a' cur an cèill gun tàinig e bho Bhuidheann Turasachd na Cruinne (UNWTO).
- ⁵ ✓ Chaidh comharra 5 a bhuileachadh a chionn 's gun do chuir an tagraiche an cèill gum faodar cur mar fhiacham, a chionn 's gun tàinig an dàta à làrach-lìn buidheann nan Dùthchannan Aonaichte, gu bheil e na thùs dligheach.
- ⁶ ✗ Cha deach comharra 6 a bhuileachadh a chionn 's nach tug an tagraiche iomradh air creideasachd a' mhodha a chaidh a chleachdadh gus an dàta a thional.

Beachd pearsanta

Chaidh **8/8 comharran** a bhuileachadh don tagraiche.

- ¹ ✓ Chaidh comharra 1 a bhuileachadh a chionn 's gun do chruthaich an tagraiche taisbeanadh grafaigeach iomchaidh – clàr-cholbhan.
- ² ✓ Chaidh comharra 2 a bhuileachadh a chionn 's gun do chruthaich an tagraiche dàrna taisbeanadh grafaigeach iomchaidh – plot-sgapte.
- ³ ✓ Chaidh comharra 3 a bhuileachadh a chionn 's gun tug an tagraiche iomradh air feumalachd a' chiad taisbeanaidh grafaigich aca – a' cur an cèill nach robh am plot sa chlàr-cholbhan aca a' sealltainn dàimh loidhneach.
- ⁴ ✓ Chaidh comharra 4 a bhuileachadh a chionn 's gun do rinn an tagraiche iomradh a thaobh an dàrna taisbeanaidh – am plot-sgapte le loidhne ais-cheumnachaidh.

- ⁵ ✓ Chaidh comharra 5 a bhuileachadh a chionn 's gu bheil an tagraiche air tiotalan, leubailean agus sgèilichean freagarrach a ghabhail a-steach.
- ⁶ ✓ Chaidh comharra 6 a bhuileachadh a chionn 's gun deach an cuibheas obrachadh a-mach airson an t-seata dàta.
- ⁷ ✓ Chaidh comharra 7 a bhuileachadh a chionn 's gun deach an claonadh àbhaisteach obrachadh a-mach airson an t-seata-dàta.
- ⁸ ✓ Chaidh comharra 8 a bhuileachadh a chionn 's gu bheil an tagraiche air leubailean a ghabhail a-steach airson gach staitistig thuairisgeulach agus gun do chuireadh an cèill gu soilleir am modail loidhneach agus staitistigean ceangailte.

Anailis agus mìneachadh

Chaidh **6/6 comharra** a bhuileachadh don tagraiche.

- ¹ ✓ Chaidh comharra 1 a bhuileachadh a chionn 's gu bheilear a' sealltainn an obrachaidh a-mach a rinn an tagraiche airson na Loidhne Ais-cheumnachaidh.
- ² ✓ Chaidh comharra 2 a bhuileachadh a chionn 's gun do chuir an tagraiche an cèill co-dhàimh co-èifeachd Pearson.
- ³ ✓ Chaidh comharra 3 a bhuileachadh a chionn 's gun tug an tagraiche seachad mìneachadh air an loidhne as freagarraiche ann an co-theacsa ceist an rannsachaidh aca.
- ⁴ ✓ Chaidh comharra 4 a bhuileachadh a chionn 's gun do thaisbean an tagraiche luach p agus dhiùlt iad beachd-bharail nialasach (chuireadh seo an cèill cuideachd).
- ⁵ ✓ Chaidh comharra 5 a bhuileachadh a chionn 's gun tug an tagraiche seachad (an ìre as lugha de) mìneachadh air na staitistigean tuairisgeulach.
- ⁶ ✓ Chaidh comharra 6 a bhuileachadh a chionn 's gun do ghabh an tagraiche a-steach fianais air mìneachadh a thoirt seachad air na taisbeanaidhean grafaigeach uile ann an co-theacsa ceist an rannsachaidh.

Co-dhùnidhean

Chaidh **2/4 comharra** a bhuileachadh don tagraiche.

- ¹ ✗ Cha deach comharra 1 a bhuileachadh a chionn 's nach do rinn fianais an tagraiche ceangal soilleir eadar an co-dhùnadh agus na taisbeanaidhean grafaigeach.
- ² ✗ Cha deach comharra 2 a bhuileachadh a chionn 's nach tug an tagraiche seachad fiosrachadh gu leòr a thaobh nan staitistigean tuairisgeulach sa cho-dhùnadh.
- ³ ✓ Chaidh comharra 3 a bhuileachadh a chionn 's gun tug an tagraiche beagan fiosrachaidh air na staitistigean a bharrachd (deuchainn beachd-bharail) sa cho-dhùnadh.
- ⁴ ✓ Chaidh comharra 4 a bhuileachadh a chionn 's gun do cheangail an tagraiche an co-dhùnadh ri amas a' phròiseict.

Taisbeanadh

Chaidh **6/6 comharran** a bhuileachadh don tagraiche.

- ¹ ✓ Chaidh comharra 1 a bhuileachadh a chionn 's gun tug an tagraiche seachad àireamhachadh figearach agus tuairisgeulan ceangailte.
- ² ✓ Chaidh comharra 2 a bhuileachadh a chionn 's gun tug an tagraiche seachad mìneachadh agus facal-toisich airson nan staitistigean a bha air an obrachadh a-mach.
- ³ ✓ Chaidh comharra 3 a bhuileachadh a chionn 's gun tug an tagraiche (beagan) mìneachadh air an ais-cheumnachadh loidhneach agus air luach r.
- ⁴ ✓ Chaidh comharra 4 a bhuileachadh a chionn 's gun robh ceann-sgrìobhaidh freagarrach air a h-uile earrann.
- ⁵ ✓ Chaidh comharra 5 a bhuileachadh a chionn 's gun robh earrannan na h-aithisg a' sruthadh, mar gum b' eadh, gu loidigeach.
- ⁶ ✓ Chaidh comharra 6 a bhuileachadh a chionn 's gun do ghabh an tagraiche a-steach eàrr-ràdh an dàta.

Iomlan a' Phròiseict

Bha an àireamh fhaclan taobh a-staigh na crìche de 2,200 facal agus mar sin chaidh **26/30** uile gu lèir a bhuileachadh airson a' phròiseict.